

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

SGIOBA SGOIL SHAMHRAIDH DHRÀMA 2009 AIR AINMEACHADH

25 An Cèitean 2009

Tha Fèisean nan Gaidheal air leth toilichte an sgioba teagaisg ainmeachadh airson na Sgoile Shamhraidh Dràma 2009 a bhios a' gabhail àite ann am Port Rìgh 6 gu 16 Iuchar. Tha an tachartas maoinichte le Comhairle Ealain na h-Alba, Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean, Bòrd na Gàidhlig, Comhairle na Gàidhealtachd agus Eden Court agus tha e ag amas air daoine òga a tha fileanta sa Ghàidhlig aois 14-18. Bidh an sgioba air a stiùireadh le Artair Donald, a tha air cliù a chosnadh dha fhèin mar aon de na prìomh chleasaichean ann an Dràma na Gàidhlig. Bha Artair e fhèin na oileanach aig na Sgoiltean Dràma a bha gan ruith le Pròiseact nan Ealain anns na naochadan, agus chaidh e air adhart chun na sgoile dràma ainmeil Lee Strasberg anns na Stàitean Aonaichte. Bhon uair sin tha e air a bhith an sàs anns na taighean-cluiche, filmichean agus telebhisean an dà chuid Gàidhlig agus Beurla agus tha e air a bhith a' stiùireadh bhùithtean-obrach dràma ann an Gàidhlig air feadh na dùthcha, airson òigridh gu h-àiridh. A' tilleadh don sgoil am-bliadhna tha an cleasaiche is ùghdar **Catriona Lexy Chaimbeul**, **Tim Licata** bhon chompanaidh thèatar Plutôt la Vie ann an Dùn Èideann, **Ruairidh MacNeacail** bho Eden Court, agus **Daibhidh Màrtainn** agus **Ali Ros** a bhios a' toirt seachad beagan eòlais mu sgilean teicnigeach agus stèidse. Cuideachd am-bliadhna bidh sinn a' cur fàilte air an t-seinneadair is cleasaiche **Wilma NicUalraig**, a bhios a' stiùireadh bhùithtean-obrach gutha. Thuir Dougie Beck, Oifigear Dràma Fèisean nan Gàidheal, "Bha an Sgoil air leth soirbheachail an-uiridh. Bha e uabhasach math a bhith a' faicinn cho math 's a bha a h-uile duine ag obair le chèile – daoine òga le Gàidhlig bhon a h-uile ceàrnaidh den dùthaich agus cuid den luchd-teagaisg dràma as fheàrr san t-saoghal." Tha an Sgoil Shamhraidh an-asgaidh do chom-pàirtichean agus agus chan eòlas air dràma riatanach. A dh'aindeoin bidh feum air agallamh airson àite fhaighinn agus chan eil ann ach fichead àite san sgoil. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh agus foirm-iarrtais bho Oifigear Dràma Fhèisean nan Gaidheal, Dougie Beck air (01463) 225559, douglas@feisean.org no tro làrach lìin Fèisean nan Gàidheal www.feisean.org

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



SGOIL SHAMHRAIDH DRAMA TEAM 2009 ANNOUNCED

25 May 2009

Fèisean nan Gàidheal is delighted to announce the tutor team for Sgoil Shamhraidh Dràma 2009 which is set to take place in Portree 6 – 16 July. The Drama Summer School is supported by the Scottish Arts Council, Highlands and Islands Enterprise, Bòrd na Gàidhlig, Highland Council and Eden Court Theatre and is aimed at fluent Gaelic speakers in the 14 – 18 age range. The team will be directed by Tìree born actor **Artair Donald** who is one of the most experienced and highly respected figures in Gaelic drama. Artair was himself a student in the Gaelic drama summer schools run by Pròiseact nan Ealan in the mid-1990s, going on to train at the prestigious Lee Strasberg Theatre Institute in New York. Since then, he has been involved in a wide range of theatre, film and television work in both Gaelic and English and has been leading Gaelic drama workshops across Scotland, particularly for young people. Returning to the summer school is actress and author **Catriona Lexy Campbell**, **Tim Licata** of the Edinburgh based Plutocoe la Vie Theatre Company, **Ruaraidh Nicolson** of the Eden Court “Out of Eden” team, along with **Dave Martin** and **Ali Ross** who will provide the students with a daily input of key technical and stage skills. New for SSD09 we are delighted to welcome actress and singer **Wilma Kennedy**, who will lead voice workshops with the students. Organiser Douglas Beck said, “Last year’s Sgoil Shamhraidh Dràma surpassed our expectations, due to the excellent relationship between the tutors and participants. It was really heartening to see young people from all over Scotland come together, with the common bonds of Gaelic and drama, producing work that was of the highest standard.” He went on to say “We are delighted that Artair has agreed to lead this year’s Sgoil Shamhraidh and the team he has put together is of the highest calibre. I would encourage any Gaelic speaker aged 14 to 18 with an interest in drama to apply. Opportunities like this do not come along very often and if last year’s event was anything to go by, they will have great fun too!” Attendance at the Sgoil Shamhraidh is free and no previous drama or acting experience is necessary. However entry will be determined by means of an interview, with a maximum of 20 places available. More information and an application form can be obtained from Fèisean nan Gàidheal Drama Officer Douglas Beck on (01463) 225559, douglas@feisean.org or via the Fèisean nan Gàidheal website www.feisean.org